



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.  
[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk) Fòn 01851 703 487. Post-d: [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)

## Facal bhon Cheann Suidhe

Tha Mòd 2012 an-seo mu dheireadh thall, air tilleadh a Dhùn Omhain airson an 7mh uair na h-eachdraidh, agus gu sìorrachd aig a bheil eachdraidh mhòr ann a bhith a' toirt aoigheachd dha Mòdan. Am-bliadhna, tha sinn a' comharrachadh 120 bliadhna bhon chiad Mòd a-chaidh a chumail ann an Tallaichean Cruinneachaidh eachdraidheil Earraghàidheil san Òban (agus tha sinn fhathast gan cleachdadh airson àite farpais a' Mhòid). Tha mòran adhartas air a thighinn bhon uairsin, agus mar a tha fios againn uile, tha an tachartas a thòisich le leth-latha ann an 1892 air fàs a-nis gu bhith na thachartas 8-latha a tha air-leth trang.

Bho na làithean tràth sin, tha am Mòd air tadhal air mòran bhailtean beaga is mòra, eileanan is sgìrean air feadh na h-Alba – 26 diofar àiteachan – bho Inbhir Àir sa cheann a-deas gu Gallaibh sa cheann a-tuath, agus a-nis is e Am Mòd Nàiseanta Rìoghail an tachartas Gàidhlig as motha a th'againn gach bliadhna ann an saoghal na Gàidhlig. Cha bhiodh an adhartas sin air a bhith comasach às aonais na taic a tha a' tighinn bho choimhearsnachdan luchd-labhairt na Gàidhlig agus luchd-taic na Gàidhlig ann an Alba – agus eadhon taobh a-muigh na h-Alba. Tha mi gar moladh gu mòr airson bh'ur taic thairis air na bliadhnaichean sin. Is ann leibhse a tha an tachartas seo. Tha mi'n dòchas gum faigh sibh tlachd mhòr bho bhith a' tadhal air a' bhàile àlainn seo an Dùn Omhain agus gun till sibh dhachaigh air bh'ur misneachadh mu shuidheachadh cànan is dualchas na Gàidhlig san àm ri teachd.

Iain Macleòid,  
Ceann-suidhe.

## Message from the President

*Mòd 2012 has finally arrived, returning to Dunoon for the 7<sup>th</sup> time in its history, and to a county with a long history of hosting Mòds. This year we commemorate 120 years since the very first Mòd which took place in the historic Argyllshire Gathering Halls in Oban (still used as a Mòd competition venue). A lot has happened since then, and as we all know, the half-day event of 1892 has now grown into a very busy 8-day event.*

*Since these early days, the Mòd has visited many towns, cities, islands and districts throughout Scotland – 26 different locations - from Ayr in the south to Caithness in the north, and the current Royal National Mòd has become the biggest annual event in the Gaelic calendar. That achievement would not have been possible without the support of the Gaelic-speaking and non-Gaelic-speaking communities of Scotland – and even outwith Scotland. I warmly thank you all for your support over these years. This is your event. I hope you all enjoy your time in the beautiful town of Dunoon and that you return home feeling inspired about the future prospects of our Gaelic language and culture.*

John Macleod,  
President.



12th - 20th October 2012



### Seirbheis Fhosglaidh

Thèid Seirbheis Fhosglaidh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2012 a chumail ann an Talla na Ban-rìghinn, an Dùn Omhain air Dihaoine an 12mh den Dàmhair aig 7.30f.

Chithear Prògram airson na h-oidhche an seo:  
<http://www.acqmod.org/acquploads/files/Seirbheis%20Fhosglaidh.pdf>

### Official Opening Ceremony

*The Official Opening Ceremony of the Royal National Mod 2012 will take place in the Queen's Hall in Dunoon on Friday 12th October at 7.30pm*

*You can view the Programme for the evening here:*  
<http://www.acqmod.org/acquploads/files/Opening%20Prog.pdf>

### Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid

Bidh Oifis a' Mhòid stèidhichte an Talla na Ban-rìghinn, air Disathairne 13<sup>mh</sup> agus an uairsin eadar Diluain 15<sup>mh</sup> – Dihaoine 19<sup>mh</sup> den Dàmhair bho 9m.

Bidh Prògram Oifigeach a' Mhòid agus ticeadan airson farpaisean agus cuirmean rin ceannachd an seo.

Bidh measgachadh de CDs, Earrannann Ainmichte Mòd 2013 agus mòran eile bho Bùth a' Chomuinn ri cheannachd aig an Ionad Fiosrachaidh cuideachd!

Bidh billeagan-fiosrachaidh de gach seòrsa, Prògram Iomall a' Mhòid an seo cuideachd.

Mar sin, tadhlaibh oirnn aig an Ionad Fiosrachaidh uaireigin tron t-seachdain – chì sinn ann sibh!

Faodaidh sibh ticeadan òrdachadh an dràsta agus an togail bhon Ionad Fiosrachaidh air seachdain a' Mhòid.

(‘se dìreach ticeadan na farpaisean mòra agus na cuirmean a bhios an seo – gheibhear ticeadan airson na farpaisean eile aig na toglaichean far am bidh iad a’ gabhail àite).

Post-d [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)

### Mod Information Desk

*The Mod Office will be situated in the Queen's Hall, on Saturday 13<sup>th</sup> and then Monday 15<sup>th</sup> – Friday 19<sup>th</sup> October from 9am.*

*You will be able to purchase the official Mod Programme and tickets to competitions and concerts from here.*

*We will also have a selection of CDs from the An Comunn Gàidhealach shop and Mòd 2013 Prescribed pieces for sale.*

*Various flyers, information leaflets and copies of the Mod Fringe Programme will also be available here. So call in at the Queen's Hall any time during Mod week – we look forward to seeing you there!*

*You can book your tickets now and collect them from the Mod Information Desk during Mod week. (Please note that this applies only to major competitions and evening concerts - tickets for all other competitions can be bought at the door of each venue).*

Email [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)

### Duilleagan Breithneachaidh

*‘S urrainn dhuibh duilleagan breithneachaidh a thogail bho Talla na Ban-rìghinn. Feumar feitheamh airson co dhiù DÀ UAIR A THÌDE as dèidh na farpais mus faigh sibh iad. Mur bidh e comasach dhuibh fuireach chun uairsin ge ta, thèid iad a-mach thugaibh sa’ phost as dèidh a’ Mhòid.*

### Adjudication Sheets

*Adjudication sheets can be picked up from the Queen's Hall a minimum of TWO HOURS after a competition has finished. If you are unable to wait for them to be processed and have to leave before the 2 hours is up, they will automatically be posted to competitors after the Mod.*

## AM MÒD NAISEANTA RÌOGHAIL



### Measadh Gàidhlig

Gheibhear cothrom measadh Gàidhlig a dhèanamh seachdain a Mhòid ann an Taigh a' Chaisteil, Dùn Omhain. Feumar seo a chur air adhart ro làimhe. Mar sin, cuiribh fios gu [info@ancomunn.co.uk](mailto:info@ancomunn.co.uk) ro Dihaoine 11mh den Dàmhair. As dèidh sin, tadhlaidh air Ionad Fiosrachaidh a' Mhoid ann an Talla na Ban-Rìghinn airson àite a chur air dòigh.

### Gaelic Testing - Appointment Required

*If you are looking to take a Gaelic Test at this year's Royal National Mod, you will need to book an appointment beforehand. The Testing will take place in Castle House, Dunoon. You can book an appointment by emailing [info@ancomunn.co.uk](mailto:info@ancomunn.co.uk) before Thursday 11<sup>th</sup> October. Alternatively you can make your appointment by visiting the Mod Information Desk in the Queen's Hall in Dunoon, during Mod week.*

### Cuirmean Luchd-cosnaidh Dhuaisean

Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air luchd-cosnaidh a' chiad duais ann am farpais nochdadh aig aon de na cuirmean oidhche. Ma thèid, feumaidh iad nochdadh an Talla na Ban-rìghinn aig 7.15f agus iad fhèin a dhèanamh aithnichte don luchd-eagrachaidh.

Bithear ag ainmeachadh seo aig na farpaisean tron latha.

### Prizewinners Concerts

*Should you win your competition, the BBC may invite you to take part in the Prizewinners Concert that evening. They will notify you if this is the case. It is the BBC who organise the running order of the concerts and they will provide the Mod Information Desk with a copy of the running order on the day of each concert. Therefore if you are unsure whether you are to perform, feel free to ask at the Information Desk.*

### Dàil air Farpaiseach

Ma thachras gum bi dàil air farpaiseach ann a bhith a' faighinn gu farpais sam bith aig an àm iomchaidh, feumaidh e/i fios a chur chun Àrd-stiùbhard no aon den luchd-taic aige/aice ann an àite na farpais gus am faighear fios mun dàil gu Cathraiche na farpais.

### Delayed Competitors

*Competitors delayed with regard to their appearance at another venue must inform the Chief Steward or one of his / her staff in order that all information can be relayed to the competition chairperson at the appropriate venue.*

### Earrannan Ainmichte Mòd 2013

Faodar Earrannan Ainmichte òrdachadh airson Mòd 2013 agus an togail aig Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid.

Ma tha sibh airson Ceòl na h-ath bhliadhna òrdachadh, cuiribh fios thugainn. No ma tha sibh airson an òrdachadh aig a' Mhòd, cuiridh sinn a-mach anns a' phost iad as dèidh a' Mhòid. Ma tha tuilleadh fiosrachadh a dhìth oirbh, cuiribh fios thugainn.

### Mod 2013 Prescribed Pieces

*You will be able to purchase Prescribed Pieces for Mod 2013 from the Mod Information Desk.*

*If you would like to pre-order your Music for next year, please get in touch. Alternatively, you will be able to order it at the Mod and arrange for it to be sent out to you afterwards.*

*If you require any further information about Prescribed pieces, please get in touch.*

## AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL



### Taisbeanadh na Gàidhlig

Tha Taisbeanadh Gàidhlig a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a' toirt cothrom math do luchd-siubhail, farpaisich agus luchd-taic a' Mhòid, eòlas fhaighinn air na daoine a tha ag obair ann an saoghal na Gàidhlig agus a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig. 'Se cothrom a th' ann cuideachd faicinn dè na seirbheisean a tha ri fhaighinn gu h-ionadail cuideachd.

Mar is tric, bidh rudan mar leabhraichean, cds, pìosan ealain, dealbhan agus mar sin air adhart am measg an fheadhainn a bhios a' gabhail pàirt anns an Taisbeanadh, bidh buidhnean mar Comhairle nan Leabhraichean, MG Alba, Sabhal Mòr Ostaig, SNH, Stòrlann, Comunn na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealain.

Am bliadhna tha an Taisbeanadh gu bhith stèidhichte an teismeadhan tachartasan a' Mhòid, ann am Pàilleann a bhios taobh a-muigh Talla na Ban-rìghinn, am meadhan Dùn Omhain. Bidh gu leòr a' dol againn. Biadh is deoch bhon sgìre fhèin, ceòl beò agus gu leòr eile airson ur tàladh a-steach chun Taisbeanadh!

### The Gaelic Showcase

*The Showcase at the Royal National Mòd represents an excellent opportunity for all the visitors, competitors and others attending the Mòd to find out more about people involved in providing Gaelic language and Gaelic-related products or services, and to see what is on offer from the local area.*

*Products exhibited regularly at each National Mòd include books, CD's, artworks, photography and crafts. Exhibitors who regularly participate at the Royal National Mòd include Comhairle nan Leabhraichean (Gaelic Books Council), MG Alba, Sabhal Mòr Ostaig, SNH, Stòrlann, Comunn na Gàidhlig and the Gaelic Arts Agency (Pròiseact nan Ealan).*

*This year, the Showcase will have pride of place in a marquee outside the Queens Hall, right in the centre of Dunoon - in the heart of the activity during the week. We will have lots happening to entice you in - tastings of local food and drink, music and much much more!*

### Atharrachadh uair an Adhradh Cheilteach

Thèid Adhradh Cheilteach Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo a chumail aig **8f** air Latha na Sàbaid an 14mh den Dàmhair, ann an Talla na Ban-rìghinn, agus **chan ann** aig 8.30f.

Chì sinn ann sibh!

### Time Change for Celtic Praise

*Please note that the Celtic Praise service at this year's Royal National Mod will take place at **8pm** on Sunday 14th October, in the Queen's Hall, and **not** at 8.30pm.*

*We hope to see you there!*

### Seòmraichean Chòisirean

Ma bhios an còisir agaibh a' lorg seòmair airson a dhol thairis air na h-òrain agaibh ro na farpaisean, cuiribh fios gu Jim Anderson air [j\\_anderson@btinternet.com](mailto:j_anderson@btinternet.com) no cuiribh fòn thuige air 07799 658 076.

### Choir Practice Rooms

*Any choir wishing to book practice rooms in Dunoon please get in touch with Jim Anderson regarding your requirements and preferred times, e-mail: [j\\_anderson@btinternet.com](mailto:j_anderson@btinternet.com) or tel. 07799 658 076.*

### Latha Litreachais

Thèid duaisean nam farpaisean Litreachas a thoirt seachad air Diciadain an 17mh den Dàmhair, ann an Taigh-òsta na Pàirce, an Dùn Omhain, aig 12f. Tha fàilte oirbh uile a thighinn!

### Literature Prize-giving

*The Literary prize-giving will take place on Wednesday 17<sup>th</sup> October at 12pm in the Park Hotel, Dunoon. All welcome!*



## Farpaisean, Cuirmean & Iomall a' Mhòid

Gheibhear fiosrachadh mu na farpaisean gu lèir, mapa agus liosta de luchd-taic a' Mhòid ann am Prògram Oifigeil a' Mhòid. Chithear gu h-ìosal liosta de na prìomh thachartasan a bhios a' gabhail àite aig Mòd na bliadhna seo. Tha prògram Iomall a' Mhòid cuideachd ri fhaighinn air feadh tallaichean na farpaisean, taighean-òsta agus taighean-seinnse air feadh Dùn Omhain. Gheibhear fiosrachadh an seo mu dheidhean cèilidhean, tachartasan agus taisbeanaidhean sam bith eile a tha an Comataidh Ionadail air cur air dòigh.

## Competitions, Concerts and Fringe Events

*Information on all Mod competitions, a map and details of all Mod sponsors can be found in the Official Mod Programme. A list of all the official main Mod events are detailed in the table below. A Fringe Programme will also be available at various competition venues, Hotels pubs and so on, which will detail information on ceilidhs, exhibitions and all other events which have been organized by the Local Organising Committee.*

## Prìomh Thachartasan / Main events

Date	Event	Venue*
Friday 12 Oct	Opening ceremony	Queen's Hall
Saturday 13 Oct	Mòd Shinty Cup Final	Dunoon stadium
	Fiddlers' Rally	Queen's Hall
	Piping	Kirn Primary School
Sunday 14 Oct	Mòd Church Service	St John's Church
	Celtic Praise	Queen's Hall
Monday 15 Oct	Children Prizewinners' Concert	Queen's Hall
Tuesday 16 Oct	Children Prizewinners' Concert	Queen's Hall
Wednesday 17 Oct	Literature Awards	The Park Hotel
	Gold medal Qualifying	High Kirk
	Silver Pendant Final	Queen's Hall
	Drama Finals	Dunoon Grammar School
	Traditional Gold Medal Qualifying	High Kirk
Thursday 18 Oct	Highland Dancing	Hunter's Quay Holiday Village
	Gold Medal Finals	Queen's Hall
	Traditional Gold Medal Final	Queen's Hall
Friday 19 Oct	Lovat & Tullibardine	Queens Hall
	Margrat Duncan	St John's Church
	Final concert	Queen's Hall
Saturday 20 Oct	Mass choir/pipe band parade	Argyll Gardens



*The Mod Programme is now available to buy, priced £4 for An Comunn Gàidhealach Members and £5 for non-members.*

*To order your programme feel free to get in touch. They will be available at the various Mod venues in Dunoon throughout Mod week.*





### Co-bhanntachd Gàidhlig - Consairt

Thèid consairt sònraichte a chumail aig Mòd Nàiseanta Rìoghail air an 17mh den Dàmhair, far am bidh sàr-sheinneadairean Wilma NicUalraig agus Seumas Greumach agus sàr-chluicheadairean Màiri agus Calum MacLeòid a' comharrachadh ceangal leantainneach còrr air 120 bliadhna eadar seann chànan is seann ionnstramaid na h-Alba.

### Toraidhean

Thèid fiosrachadh luchd-cosnaidh na duaisean a chur air an làrach-lìn gach latha. Gheibhear iad an seo: <http://www.acgmod.org/nationalmod/results>

Bidh liosta de na farpaisich a bhuannaicheas, na duaisean agus luchd-taic nan duaisean ri fhaicinn an seo.

### Dealbhan Mòd 2012

Bidh cothrom agaibh dealbhan bho Mòd na bliadhna seo fhaicinn air an làrach-lìn againn: <http://www.acgmod.org/nationalmod/gallery/ga>

Thèid dealbhan a chur suas air an làrach-lìn gach latha agus bidh cothrom agaibh feadhainn dhiubh òrdachadh bho Graham Hood, Dealbhadair Oifigeach a' Mhòid, tron làrach-lìn aige fhèin:

Postd: [info@grahamhoodphotography.com](mailto:info@grahamhoodphotography.com)  
Làrach-lìn: [www.grahamhoodphotography.com](http://www.grahamhoodphotography.com)

### Gaelic Partnership - Concert

A special concert featuring two accomplished Gaelic singers, National Mòd Gold Medallists, Wilma Kennedy and James Graham along with multi-talented harpists Màiri and Calum Macleod, will take place at this year's Mod. This concert celebrates 120 years of unbroken links between the National Mòd and the clàrsach.

### Post-d ùr aig Comunn na Clàrsaich

Please note the new contact email address for Comunn na Clàrsaich:

[office@clarsachsociety.co.uk](mailto:office@clarsachsociety.co.uk)



### Competition Results

Results from all competitions will be put onto the website on a daily basis. These will be available via the following link :

<http://www.acgmod.org/nationalmod/results>

A full list of prize-winners, prizes and sponsors will be detailed here.

### Mod 2012 Photography

You will be able to view photographs from this year's Royal National Mod in the Galleries section of our website: <http://www.acgmod.org/nationalmod/gallery>

Photographs will be uploaded onto the site daily and you can order copies from the official Mod Photographer, Graham Hood, via his website:

Email: [info@grahamhoodphotography.com](mailto:info@grahamhoodphotography.com)  
Web: [www.grahamhoodphotography.com](http://www.grahamhoodphotography.com)



12th - 20th October 2012

## Teachdaireachd bhon Chomataidh Ionadail

Tha ar Comataidh Ionadail agus ar Coimhearsnachd a' coimhead air adhart ri bhith cur fàilte air Gàidheil bho air feadh Alba agus na h-Eileanan agus gu dearbh bho air feadh an t-saoghail gu Dùn Omhain agus gu Mòd Nàiseanta Rìoghail 2012. Tha sinn air a bhith ag obair gu dìcheallach mar chomataidh ann an com-pàirt ri Comhairle Earraghàidheal is Bhòid agus An Comunn Gàidhealach thairis air na trì bliadhna a dh' fhalbh gus dèanamh cinnteach gum bi Mòd Nàiseanta Rìoghail Dhùn Omhain cho math sa bhiodh sibh an dùil agus gun còrd ur turas don bhaile chàirdeil againn ribh gu mòr.

Tha sinn cinnteach gum bi na bhios againn air ullachadh dhuibh nuair a nochdas sibh anns a' bhaile againn a' dearbhadh gur e deagh àite a th' ann an Dùn Omhain airson aogheachd a thoirt don Mhòd Nàiseanta Rìoghail, le coimhearsnachd a tha càirdeil is aogheil, le deagh thallaichean iomchaidh, àiteachan fuirich math, goireasan is cothroman siubhail. Tha sinn cuideachd cinnteach gum bidh deagh sheachdain de dh' fharpaisean is thachartasan Fèis againn làn de Gàidhlig, ceòl, dannsa is òrain dhan h-uile duine.

Tha fàilte chridheil a' feitheamh oirbh nuair a ruigeas sibh Dùn Omhain.

Ceud mìle fàilte air a h-uile duine!

## Message from the Local Committee

*Our Local Organising Committee and our community are looking forward to welcoming Gaels from throughout Scotland and its Islands and from around the world to Dunoon and the Royal National Mod 2012. We have been working and planning as a committee in partnership with Argyll and Bute Council and An Comunn over the last three years to ensure that the Royal National Mod in Dunoon will live up to your expectations and that you will have an enjoyable stay while here in our friendly Town.*

*We are confident that what we will have on offer for you when you arrive in our Town will confirm the choice of Dunoon as one of the ideal venues to host the Royal National Mod with a friendly and welcoming community with excellent venues, accommodation, facilities and local transport arrangements. Further we are confident that we will all enjoy a fantastic week of competitions and feis activities promising high quality Gaelic, music, dance and song for all.*

*A warm welcome awaits you when you arrive in Dunoon.*

*A hundred thousand welcomes to you all!*



## GRAND PRIZE DRAW

**1<sup>ST</sup> Prize: £3,000**

**2<sup>nd</sup> Prize: £2,000**

**3<sup>rd</sup> Prize: £1,000**

*Plus many other consolation prizes.*

**Draw will take place on**

**Friday 19<sup>th</sup> October 2012 @ Mod Dance**

**[www.dunoonmod2012.org](http://www.dunoonmod2012.org)**

## Bùth a' Chomuinn a-nis air loidhne!

Tha cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig, CDs, cairtean Gàidhlig, mìosachain, agus mòran eile againn.

Tadhlaibh air: <http://www.acgmod.org/store/>

### Postachd

Airson òrdughan anns an Rìoghachd Aonaichte suas gu £30, cosgaidh am postachd 15% den chosgais gu lèir. Tha postachd an-asgaidh airson òrdughan barrachd air £30.

Airson òrdughan bho thall-thairis, bu chòrr dhuibh bruidhinn ri Bùth a' Chomuinn air 01851 703 487 no cuiribh post-d gu [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk) airson prìs.

Cuimhnichibh gu bheil Buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh de 10% sa bhùth againn. Bu chòrr buidhnean mar Croileagan agus sgoiltean fios a chur thugainn airson prìs fhaighinn cuideachd.

Mur a bheil sibh cinnteach dè tha sibh airson a cheannachd dha cuideigin mar thiodhlac, gheibhear cuideachd bileag èarlais agus mar sin, faodaidh iad rudeigin a thaghadh iad fhèin!

## An Comunn Shop Now Online!

You can now buy a variety of Gaelic books, Cds, calendars, greeting cards and much more, via our online store.

Please visit: <http://www.acgmod.org/store/>







### Postage

For UK orders up to the value of £30 postage and packing will be charged at 15% of the total cost. Postage and Packing is free for orders over £30.

Overseas customers should contact the An Comunn Gàidhealach Shop directly on 01851 703 487 or email [marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk) to arrange payment.

Members of An Comunn Gàidhealach are entitled to a 10% discount. Schools, colleges, children's groups etc should contact An Comunn Gàidhealach directly on 01851 703 487 to enquire about special discounts.

An Comunn Gàidhealach Gift vouchers are also available which can be used for books, CDs and any of our other stock, so if you're unsure what to buy someone, let them choose themselves!







**Chaidh Mòd Ionadach na Dreòlluinn a chumail air an 7mh & 8mh den t-Sultain. Chithear measgachadh de dhealbhnan bho Mòd na bliadhna seo gu h-ìosal agus tadhaibh air a' cheangail a leanas airson liosta den fheadhainn a bhuannaich na farpaisean /**

*Mòd Ionadach na Dreòlluinn took place on the 7<sup>th</sup> & 8<sup>th</sup> September. Below is a selection of photos from this year's Mod. You can view a full list of results at: <http://www.acgmod.org/localmods/detail/mull>*



### Mòd Ionadail Taobh Siar Rois

Chaidh Mòd Ionadal Taobh Siar Rois a chumail air an 21mh den t-Sultain 2012 ann am Pol Iù. Bha Mòd air leth soirbheachail ann le còrr air 265 farpaiseach a' gabhail pàirt – meal a naidheachd dhan a h-uile duine agaibh!

Chithear measgachadh de dehalbhan gu h-ìosal bho Mòd na bliadhna seo.

### Wester Ross Provincial Mod

*The Wester Ross Provincial Mod took place in Poolewe on the 21<sup>st</sup> of September 2012. The Mod was a great success, with over 265 entrants – congratulations to all who took part!*


*A selection of photos from this year's Mod are seen below.*



*Alasdair Macdonald won the secondary intermediate accordion*



*Duet winners Faith Elson and Kirstyn Howarth*



*Kristine Kennedy, who tutored in the schools to help prepare the children for the Mod, pictured here with Isaac Baptist new entrant aged 5 years*



*Rionnagan Rois Choir*

**Mòd na Stàitean 2012**

Chaidh Mòd Nàiseanta nan Stàitean a chumail, thairis air an deireadh-seachdain 21-23 an t-Sultain, agus b'e Mòd soirbheachail a bh'ann gun teagamh. Bha farpaisean ann airson còisirean, òrain obrach, puirt, sgeulachdan, bàrdachd, agus òrain aon-neach.

Bha am Mòd ro thoilichte fàilte chridheil a chur air aoighean sònraichte am-bhliadhna. Bha Beathag Mhoireasdan ann mar bhreitheamh, Niall Caimbeul, a bhuannaich am Bonn Òr an-uiridh, agus Coinneach Maclomhair, a rinn prògram rèidio aig an àm air mar a chaidh am Mòd air adhart. Tha An Comunn anns na Stàitean airson mìle taing a ràdh ris a' Chomunn Gàidhealach airson Niall a chur thugainn agus airson taic a chumail rinn ann an iomadach dòigh, thar nam bliadhna. Tha sinn uile a' coimhead air adhart ri Mòd Nàiseanta Rìoghail 2012 agus a' guidhe gach soirbheachadh dhan Chomunn agus do gach neach a ghabhas pàirt ann.

**Mod USA 2012**

*Mod USA took place between the 21-23 September and it was a terrific Mod indeed. Over 20 competitors took part, many who competed at previous Mods throughout the year to be able to compete here. A variety of competitions took place including choral competitions, waulking songs, puirt-a-beul, recitations, poetry and solos.*

*We were delighted to welcome a number of individuals to this year's Mod. Beathag Mhoireasdan attended as an adjudicator, Niall Caimbeul who won the Gold Medal competition at Mod nan Eilean Siar 2012 and Coinneach MacIver who recorded a radio programme at the time of the Mod. An Comunn USA would like to thank An Comunn Gàidhealach for sending Niall over to this year's Mod, and for their continued support in numerous ways, over the course of the year. We all look forward to the Royal National Mod 2012 and we wish the best of luck to An Comunn Gàidhealach and to each competitor who will be taking part.*



*Feadhainn de na farpaisich a bhuannaich aig Mòd na Stàitean, 2012 - mealaibh ur naidheachd!*



*Niall Caimbeul, a bhuannaich Bonn Òr a' Chomuinn aig Mòd nan Eilean Siar 2011.*



*Beathag Mhoireasdan - aon de na britheamhan aig Mòd na bliadhna seo.*





## An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh  
 Taigh a' Mhorair Leverhulme  
 Ceàrnag Phearsabhail  
 Steòrnabhagh  
 Eilean Leòdhais  
 HS1 2DD  
 Fòn: 01851 703 487  
 Post-d: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

Oifis Inbhir Nis  
 Taigh Bhail an Athain  
 40 Sràid Hunndaidh  
 Inbhir Nis  
 IV3 5HR  
 Fòn: 01463 709 705.  
 Post-d: [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

## An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office  
 Leverhulme House  
 Perceval Square  
 Stornoway  
 Isle of Lewis  
 HS1 2DD  
 Telephone: 01851 703 487  
 Email: [peigi@ancomunn.co.uk](mailto:peigi@ancomunn.co.uk)

Inverness Office  
 Balnain House  
 40 Huntly Street  
 Inverness  
 IV3 5HR  
 Telephone: 01463 709 705.  
 Email: [rena@ancomunn.co.uk](mailto:rena@ancomunn.co.uk)

### Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiosrachadh gu:  
[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)  
 no cuiribh fòn air 01851 703 487.

### What's on?

*Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?*

*If so, please forward any information to:*  
[marina@ancomunn.co.uk](mailto:marina@ancomunn.co.uk)  
 or telephone 01851 703 487.

[www.ancomunn.co.uk](http://www.ancomunn.co.uk)

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur fiosrachadh thugainn airson a chuairt-litir seo.

*Many thanks to all those who have contributed information for this newsletter.*